

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL

Gaelic London

TACHARTASAN GÀIDHLIG AN
LUNNAINN
ANNS NA SEACHDAINEAN
A THA A' TIGHINN
(An t-Samhain 2009)

GAELIC EVENTS IN
LONDON
IN THE COMING WEEKS
(November 2009)

AN t-SAMHAIN (no "Cuimhneachadh")

Uill, a chàirdean, aig deireadh na Dàmhrach bidh na h-uaireadairean a' dol air ais agus gu h-obann bidh e coltach mar gu'm bi an latha a' sìor-dhol an giorrad. Soraidh slàn le blàths deireannach fann an fhoghair is a h-uile rud a bhios comh-cheangailte ris! Aig an àm seo de'n bhliadhna bidh ar n-aighe a' tionndadh gu do-sheachnach ris an còrr de'n bhliadhna a bhios romhainn fhathast is gidheadh, aig an aon àm, ris an tìde a dh'fhalbh agus uaireannan ris an tìde a dh'fhalbh o chionn fhada. 'S eadh, 's i **mìos a' chuimhneachaidh** a th'anns **an t-Samhain**.

Mar a chuireas òran air leth 'nar cuimhne, stad "*ràn nan gunnan mór*" o chionn fhada, ach air dòigh air chor-eigin – agus ann an saoghal is dualchas nan Gàidheal gu h-àraidh – tha **ciallachadh is ath-fhuaimneachadh** anns an dà Chogadh Mhór a mhaireas gu ruig' an latha an-diugh. Gu nàdurach, dh'fhuiling gach uile coimhearsnachd a ghabh pàirt ann an strithean móra an 20mh linn a cuid chall, ach ann an coimhearsnachd a tha na's lugha, faodaidh gu'm bheil coltas a's géire, a's fhaisg' air làimh air na cail seo fhathast. Fiù 's an latha an-diugh, mar eiseamplair, tha e duilich na cùntasan a leughadh air an oidhche uabhasaich a bha siud - **Oidhche Challainn 1918** - 'nuair a chaidh an *Iolaire* agus i a' toirt 283 daoine 'dhachaigh do na h-Eileanan an deaghaidh an Fhosaidh fodha ach

Well, friends, at the end of October the clocks go back and suddenly it seems as if the days are getting shorter and shorter. Farewell to the final, fading warmth of autumn and everything that is connected with it! At this time of year our thoughts inevitably turn to the remainder of year ahead of us and yet, at the same time, to the past and sometimes to the very distant past. Yes, **November** is the **month of remembrance**.

As a certain song reminds us, the "*roar of the big guns*" stopped a long time ago, but somehow – and in Gaelic life and culture in particular – the two World Wars have **a significance and a resonance** that endures to the present day. Naturally, every community that took part in the great conflicts of the 20th century suffered its losses, but in a smaller community, these losses can still seem to be more immediate and more acute. Even today, for example, it's difficult to read the accounts of that dreadful night – **New Year's Eve 1918** – when the *Iolaire* bringing 283 men home to the Islands after the Armistice sank just a mile off Stornoway harbour: bitter the irony that they survived the trenches and the battlefields, but that over 200 of them perished in the waters only a few yards from the

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 11/2009

mile roimh chaladh Steòrnabhaigh: is ro-shearbh an t-iorantas e, gu'n tàinig iad beò às na treinnsean is na h-àraichean, ach gu'n d'fhuair còrr is 200 aca bàs anns na h-uisgeachan ach beagan shlat bho chladach (is shàbhailteachd) an dùthcha. Is iadsan a chaill am beatha, agus is sinne a mhaireas beò agus fios againn air a' bhuidh a thug seo air na h-Eileanan le call ginealaich air fad, cha mhór, agus a' cheist air nach bi freagairt "*Cìod e na'm biodh ..?*".

Ann an dòighean eile, mar Ghàidheil bidh sinn a' giùlan 'nar broinn fhéin **cuimhne coimhearsnail** a bhithear a' cur an céill troimh ar dualchais – beul-aithris is bàrdachd is òrain. Ged a chaidh còrr is 90 bliadhna seachad o chionn deireadh a' chiad chogaidh agus 60 bliadhna o chionn an dàrna fhir, is annasach a' chéilidh no an cruinneachadh far nach cluinnear òrain mar *An Eala Bhàn*, *Tuireadh nan Treun*, *Deireadh Leave 1940* no *Gleann Bhaile Chaoil* is m.s.a.a., agus gach fear dhiùbh 'na chomh-thabhartas fhéin do **thuigsinn is shealladh nan Gàidheal** air na còmhragan a bha siud.

An seo ann an Lunnainn, ma bhios sinn iarrtach urram a chur air an fheadhainn a thuit air a' bhlàr, faodaidh sinn dol a shealladh suas air na cuimhneachain eadar-dhealaichte a tha air an sgaoileadh air feadh a' bhaile is 'fhaicinn orra ainmean nan reisimeidean is nan neach air leth – ainmean Gàidhealach is Albannach is Breatannach is eile. No 's dòcha gu'n téid sinn a dh'àiteachan mar **Thaigh-Tasgaidh Ìompaireil a' Chogaidh** is, am measg nan taisbeanaidhean, gu'm feuch sinn ri aiteal is eòlas a's fheàrr 'fhaighinn air na 'dh'aithnich an fheadhainn a rinn an ìobairt ri àm a' chogaidh.

shore (and safety) of home. They lost their lives, and we live with the knowledge of the effect that this had on the Islands with the loss of almost an entire generation and the unanswerable question "*What if ..?*".

In other ways, as Gaels we carry within ourselves a **collective memory** that expresses itself through our inheritance – oral tradition, poetry and song. Even though more than 90 years have passed since the end of the first war and 60 years since the second, rare is the céilidh or gathering where songs such as *An Eala Bhàn* (The White Swan), *Tuireadh nan Treun* (Lament for the Brave), *Deireadh Leave 1940* (End of Leave 1940) or *Gleann Bhaile Chaoil* (The Glen of Ballachulish) etc. will not be heard, each one being its own contribution to the **Gaelic understanding of and perspective** on those conflicts.

Here in London, if we wish to pay our respects to the fallen, we can go on and look up at the various memorials scattered all over the city and see the names of regiments and individuals – Highland, Scottish, British and others. Or perhaps we can go to places such as the **Imperial War Museum** and, among the displays, try to catch a glimpse and a better understanding of what those who made the sacrifice went through in time of war.

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 11/2009

Ge b'è dé 'nì sinn air an 11d am-bliadhna , 'nar dòigh fhéin is 'nar cuimhne fhéin, cuiridh sinn clach 'nan càrn.

Gus an ath thurus ...

Whatever we do on the 11th this year, in our own way and in our own minds, we'll put a stone on their cairn.

Until next time ...

LEIS NA DÙRACHDAN MAR A'S ÀBHAIST

EÒGHANN P.

PS/ Ma bhios sibh a' cur air dòigh thachartasan sam bith 'san àm ri teachd agus comh-cheangal aca ri Gàidhlig no ris a' chultur Ghàidhealach an Lunnainn no an Ceann an Earra-dheas Shasainn, cuiribh fios chugam mu'n deidhinn.

PS/ If you are organising any future events relating to Gaelic or to Highland culture in London or the South-East of England, let me know about them.

Sgrìobhaibh chugam air / Write to me on: eoghannp@hotmail.com

MÌOS AIR LETH AIG SPSL

Mios air leth gu dearbh aig **Comunn Albannach na Piobaireachd an Lunnainn (SPSL)**: iomadach tachartas ann an iomadach àite ré na mìosa (*faicibh gu h-iseal*) – tachartasan gu pailt is tìde gu gann!
☺

CEADAL LE BILL MACDHUNLÉIBHE

*Di-Ardaoine, 5mh Samhain 2009,
o 7:30f air adhart*

Labhairt is ceadal le **màidsear na pìoba** aig a' 78mh Ghàidhealaich nam Frisealach á **Ontario, Canada**; ann an taigh-òsda *Roebuck* (seòmar uarach), 50 Great Dover Street, Lunnainn SE1 4YG (*Fon-talamh: Elephant & Castle*).

AN EXCEPTIONAL MONTH AT SPSL

An exceptional month indeed at the **Scottish Piping Society of London (SPSL)**: various events at various venues during the month (*see below*) – so many events, so little time! ☺

RECITAL WITH BILL LIVINGSTONE

*Thursday, 5th November 2009,
from 7:30pm onwards*

Talk and recital with the **pipe-major** of the 78th Fraser Highlanders of **Ontario, Canada**; at the *Roebuck* pub (upstairs room), 50 Great Dover Street, London SE1 4YG (*Underground: Elephant & Castle*).

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL
Gaelic London – 11/2009

Inntreas: £10 (buill SPSL); £12 (eile)

*Admission: £10 (SPSL members);
£12 (non-members)*

**A' BHRATACH GHORM
IS EILE**

**Di-Sathairne,
7mh Samhain 2009,
o 8:45m air adhart
(iomadach comh-fharpais)**

Ann an Ionad nan Comh-Labhairt an
Kensington, Talla a' Bhaile an
Kensington, Sràid Hornton, Lunnainn
W8 7NX.

*PS/ Air sgàth dùnadh an stéisean fon-
talamh a's fhaisg' air làimh – Kensington
High Street - air an t-7mh, bheirear
comhairle dhuibh rathad eile a chur gu
feum: seo agaibh moladh no 'dhà bho
Mheadhonan-giùlain Lunnainn:*

**BRATACH GORM
AND MORE**

**Saturday,
7th November 2009,
from 8:45am onwards
(various competitions)**

At the Kensington Conference
Centre, Kensington Town Hall,
Hornton Street, London W8 7NX.

*PS/ On account of the closure of the
nearest underground station –
Kensington High Street - on the 7th, you
are advised to use an alternative route:
here are a few suggestions from
Transport for London:*

Bus **27** á/from Paddington
Bus **328** á/from Earl's Court
Bus **28** á/from Notting Hill Gate

Làrach-lìn / Website: www.tfl.gov.uk

'S i prìomh-dhuais na piobaireachd
"deas air a' Chrìch" a th'anns a'
Bhrataich Ghuirm. A bharrachd air
a' "Bhrataich" fhéin, bidh **comh-
fharpaisean eile** a' dol ann aig
ìrean eadar-dhealaichte fad an latha.
Na dìochuimhnichibh gur i seo a'
**70mh bhliadhna de chomh-
fharpaisean bliadhnail** aig an
SPSL! Ma 's e "caraid do'n phìob"
ann an Lunnainn a th'annaibh,
feumaidh sibh a bhith ann!

Inntreas: £10 (buill SPSL); £13 (eile)

**"CLUB NAM PÌOBAIREAN" -
LE UILLIDH MACCALUIM**

**Di-Sathairne, 28mh Samhain
2009, o 7:30f air adhart**

Ceadal leis a' **phìobaire chliùiteach**

The **Bratach Gorm** is the premier
prize in piping "south of the Border".
Apart from the "Bratach" itself, there
will be **other competitions** going on
at different levels throughout the
day. Don't forget that this is the
70th year of annual competitions
at the SPSL! If you're a "friend of
the pipes" in London, you've got be
there!

*Admission: £10 (SPSL members);
£13 (non-members)*

**"PIPERS' CLUB" -
WITH WILLIE MACCALUM**

**Saturday, 28th November 2009,
from 7:30pm onwards**

Recital with the **renowned piper**

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL
Gaelic London – 11/2009

á **Baile Cheann Loch Chille Chiarain, Cinn Tìre**, o thùs; ann an taigh-òsda *The Mudlark* (seòmar uarach), 4 Montague Close, London Bridge, SE1 (mu choinneimh Talla nan Gloinneadairean) (*Fon-talamh: London Bridge*).

Inntreas: £10 (buill SPSL); £12 (eile)

originally from **Campbeltown, Kintyre**; at *The Mudlark* pub (upstairs room), 4 Montague Close, London Bridge, SE1 (opposite the Glaziers' Hall) (*Underground: London Bridge*).

Admission: £10 (SPSL members); £12 (non-members)

Làrach-lìn / Website: www.scottishpipingsocietyoflondon.com

**CCB IS CÉILIDH IS
CLAS NAN ÒRAN
AIG CGL**

**Di-Sathairne,
21d Samhain 2009**

**Clas nan òran o 5f gu 6:30f
CCB o 7f gu 8f
Céilidh (le suipeir-ghreimire)
o 8f air adhart**

Aig **Comunn Gàidhlig Lunnainn (CGL)**, talla Eaglais Cùirt a' Chrùin (ri taobh Taigh-cluiche Fortune), Sràid Russell, Covent Garden, WC2B 5EZ (*Fon-talamh: Covent Garden no Charing Cross*).

Coinneamh choitcheann bhliadhnail a' Chomuinn; clas nan òran roimh làimh is céilidh an deaghaidh làimh le **Gillebrìde Mac'IlleMhaoil**. Bidh móran againn eòlach mu thràth air an t-seinneadair a bhios air aoi gheachd aig a' Chomunn air an oidhche seo: buinidh Gillebrìde do dh'**Uibhist a Deas**, far an do thogadh e ann an teaghlach a tha air leth làidir a thaobh cànan is beul-aithris an eilein. Bhuannaich e Bonn-Òir an t-Seann Nòis aig a' Mhòd Nàiseanta Rioghail an Dùn Omhainn ann an 2000 agus Bonn-Òir nam Fear am Peairt ann an 2004. Bithear

**AGM, CÉILIDH AND
SONG-CLASS
AT GSL**

**Saturday,
21st November 2009**

**Song-class from 5pm to 6:30pm
AGM from 7pm to 8pm
Céilidh (with buffet supper)
from 8pm onwards**

At the **Gaelic Society of London (GSL)**, hall of Crown Court Church (next to the Fortune Theatre), Russell Street, Covent Garden, WC2B 5EZ (*Underground: Covent Garden or Charing Cross*).

Annual general meeting of the Society; song-class beforehand and céilidh afterwards with **Gillebrìde MacMillan**. Many of us will already be familiar with the singer who is the special guest of the Society for this particular evening: Gillebrìde hails from **South Uist**, where he was raised in a family steeped in the language and lore of the island. He was the winner of the Traditional Gold Medal at the Royal National Mòd in Dunoon in 2000 and the Men's Gold Medal in Perth in 2004. Gillebrìde is considered to be one of the most accomplished traditional

LUNNAINN NAN GàIDHEAL Gaelic London – 11/2009

a' saoilinn gur e fear de na seinneadairean a's gleusda 'san t-seann nòs an latha an-diugh a th'ann an Gillebrìde.

Inntreas: £20 (an clas a-mhàin); £20 (a' chéilidh a-mhàin); £30 (an clas + a' chéilidh).

*NB/ Na'm bu mhaith leibh 'bhith an làthair aig **clas nan òran**, cuiribh fios roimh làimh gu Rùnaire urramach a' Chomuinn, **Tòmaidh MacAsgaill** (post-d: tommymaca@hotmail.com; fòn: 020 7828 8978).*

singers of current times.

Admission: £20 (class only); £20 (céilidh only); £30 (class + céilidh).

*NB/ If you would like to attend the **song-class**, contact the Honorary Secretary of the Society, **Tommy MacAskill**, in advance (e-mail: tommymaca@hotmail.com; tel.: 020 7828 8978).*

Làrach-lìn / Website: www.comunnlunnainn.co.uk

*PS/ Airson **éisdeachd ri Gillebrìde** roimh'n 21d Samhain, cuiribh tadhal air an làraich-lìn myspace a th'aige:*

*PS/ To **listen to Gillebrìde** ahead of 21st November, visit his myspace website:*

Làrach-lìn / Website: www.myspace.com/gillebridemacmillan

'OIDHCHE EILEAN LEÓDHAIS IS NA HEARADH' AIG HISL

**Di-Sathairne,
28mh Samhain 2009,
o 7f gu 11f
(an ciad dannsa aig 7:30f)**

Aig Comunn na Gàidhealtachd is nan Eilean an Lunnainn (HISL), ann an Talla Eabhraic (York Hall), 5-15 Old Ford Road, Bethnal Green E2 9PJ (Fon-talamh: Bethnal Green).

Céilidh an urram Là Fhéill Anndra, le ceòl o **Iain Aonghas MacLeòid is a chòmhlán**, agus òrain o **Iain MacAigh**. 'S e "fear a' bhogsa" òg ás **na Hearadh** a th'ann an Iain Aonghas, agus tha féill mhór air a chluiche ghrinn bhrìoghmhoir air

'LEWIS AND HARRIS EVENING' AT HISL

**Saturday,
28th November 2009.
from 7pm to 11pm
(first dance at 7:30pm)**

At the **Highlands and Islands Society of London (HISL)**, in York Hall, 5-15 Old Ford Road, Bethnal Green E2 9PJ (*Underground: Bethnal Green*).

Céilidh in honour of St. Andrew's Day, with music from **Iain Angus MacLeod and his band**, and songs from **Iain MacKay**. Iain Angus is a young accordionist from **Harris** whose fine expressive playing is in great demand throughout Scotland.

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 11/2009

feadh na h-Albann. 'S e seinneadair ealdhanta 'san t-seann nòs a th'ann an Iain, a bhuineas do **Leódhas**: cha leigear a leas a chur an aithne dhuinn, leis gu'm faicear is gu'n cluinnear e gu tric air an réidio is an teilebhisean ann an Albainn o chionn 's gu'n do bhuannaich e Bonn-Òir an t-Seann Nòis aig a' Mòd Nàiseanta Rìoghail an Inbhir Nis ann an 1972 agus, bliadhna no 'dhà an deaghaidh sin, comh-fharpais an t-seann nòis aig an Fhéill Uile-Cheiltich an Cill Airne, Éirinn.

Tiocaidean (ri'm faotainn roimh làimh): £12 (buill HISL is 'lùgh-dachaidhean'); £15 (eile).

Airson tiocaid 'fhaotainn, cuiribh fios gu May NicDhòmhnaill air tickets@thehisl.co.uk no 020 8755 4473.

Iain is a truly accomplished traditional singer, coming from **Lewis**: no introduction is required, since he has often been seen and heard on radio and television in Scotland since winning the Traditional Gold Medal at the Royal National Mòd in Inverness in 1972 and, a few years later, the traditional competition at the Pan-Celtic Festival in Killarney, Ireland.

Tickets (to be obtained in advance): £12 (HISL members and 'concessions'); £15 (others).

To obtain a ticket, contact May MacDonald on tickets@thehisl.co.uk or 020 8755 4473.

Làrach-lìn / Website: www.thehisl.co.uk

... AGUS SÙIL AIR ADHART AIR ...

... AND LOOKING AHEAD TO ...

AN T-SEIRBHIS GHÀIDHLIG RÀITHEIL

Là na Sàbaid,
13mh Dùlachd 2009,
aig 3:30f

Ann an **Eaglais Cùirt a' Chrùin**, Sràid Russell, Covent Garden, WC2B 5EZ (*Fon-talamh: Covent Garden, Charing Cross no Holborn*).

Seirbhis ann an Gàidhlig, le **srùbaig** ann an talla na h-eaglaise an deaghaidh làimh. Cuirear fàilte chridheil air a h-uile a bhios iarrtach a bhith ann.

QUARTERLY GAELIC SERVICE

Sunday,
13th December 2009,
at 3:30pm

In **Crown Court Church**, Russell Street, Covent Garden, WC2B 5EZ (*Underground: Covent Garden, Charing Cross or Holborn*).

Service in Gaelic, with a '**stroupach**' (cup of tea) in the church hall afterwards. A warm welcome is extended to all who wish to attend.

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL
Gaelic London – 11/2009

Làraichean-lìn / Websites:

londongaelicsservices.org.uk www.crowncourtchurch.org.uk

... AGUS DÌREACH MAR 'CHOBHAIR-CHUIMHNE' ...

... AND JUST AS AN 'AIDE-MÉMOIRE' ...

CÒISIR LUNNAINN:
SOIRBHEAS AIG
MÒD 2009

CÒISIR LUNNAINN:
SUCCESS AT
MÒD 2009

Uill, mar Ghàidheil, cha dual duinn a bhith a' bualadh air ar sgiath fhéin – tha 'fhios - ach cha b'urrainn domh leigeil do'n chothrom 'dhol seachad gun guth a thoirt air an t-soirbheas a fhuair **Còisir Lunnainn** aig a' **Mhòd Nàiseanta Rìoghail anns an Òban** am-bliadhna. Thàinig na "Gàidheil Lunnainneach" 'san treas àite ann an Comh-Fharpais MhicShimidh is Thulaich Bhàrdainn - prìomh-dhuais nan còisir - dìreach air culaibh Chòisir Ghàidhlig Inbhir Pheofharain (1d àite) is Cheòlraidh Ghàidhlig Ghlaschu (2ra h-àite).

Facal no 'dhà mu'n Chòisir:

An robh 'fhios agaibh nach b'ann air Gàidhealtachd a thòisich a' **chòisir Ghàidhlig a's sine de'n t-saoghal**, ach an-seo an Lunnainn? Uill, b'ann, agus chaidh **Còisir Lunnainn** a chur air bhonn ann an **1891** (aon bhliadhna roimh'n Mhòd fhéin!) agus, ach anns an dà Chogadh Mhór, tha i a' leantainn oirre o chionn sin. A dh'aindeoin a "h-aoise", 's e stéidheachdadh nodha a th'anns a' Chòisir cuideachd, agus **làraich-lìn** is **seòladh puist-d aice** (*faicibh gu h-iseal*)! Mar sin, ma bhios ùidh agaibh ann an ceòl is òrain nan Gàidheal agaibh, carson nach cuir sibh tadhal air a' Chòisir? **Bidh fàilte chridheil a ghnàth aig luchd-tadhail is buill ùra.**

Well, as Gaels, it's not in our nature to blow our own trumpet – of course – but I couldn't let the occasion pass without mentioning the success that **Còisir Lunnainn** – The London Gaelic Choir – enjoyed at this year's **Royal National Mòd in Oban**. The "London Gaels" came third in the Lovat and Tullibardine Competition - the main prize for choirs – just behind Dingwall Gaelic Choir (1st) and Glasgow Gaelic Musical Association (2nd).

A few words about the Choir:

Did you know that the **world's oldest Gaelic choir** didn't start in the Highlands, but here in London? Well, it did, and **Còisir Lunnainn** was founded in **1891** (one year before the Mòd itself!) and, except in the two World Wars, has been continuing ever since. In spite of its "age", the Choir is a modern institution as well, with its own **website** and **e-mail address** (*see below*)! So, if you're interested in Gaelic music and song, why not pay the Choir a visit? **Visitors and new members are always warmly welcome.**

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 11/2009

Bidh a' Chòisir a' coinneachadh gach **Di-Màirt** ann an **talla Eaglais Cùirt a' Chrùin** (ri taobh Taigh-cluiche Fortune), Sràid Russell, Covent Garden, WC2B 5EZ aig **7f** (*Fon-talamh: Covent Garden, Charing Cross no Holborn*).

The Choir meets every **Tuesday** in the **hall of Crown Court Church** (next to the Fortune Theatre), Russell Street Covent Garden, WC2B 5EZ at **7pm** (*Underground: Covent Garden, Charing Cross or Holborn*).

Làrach-lìn / Website: www.coisirlunnainn.org.uk

Post-d / E-mail: coisirlunnainn@fmail.co.uk

PS/ Na'm bu mhaith leibh fear de na h-òrain a ghabh a' Chòisir aig a' Mhòd am-bliadhna 'fhaicinn (is a chluinntinn!), leanaibh an ceangal seo gu làrach-lìn YouTube - le taing mhóir do'n "Obanach", a chuir a' bhideo chun na làraich:

PS/ If you would like to see (and hear!) one of the songs that the Choir performed at this year's Mòd, follow this link to the YouTube website - with many thanks to "The Oban Times", who posted the video to the site:

Làrach-lìn / Website: www.youtube.com/watch?v=G88PVYpxkow

Agus na 'regulars': cumaibh an cuimhne gu'm bi na tachartasan seo a' ruith fad na bliadhna!

And the 'regulars': don't forget that these events run throughout the year!

CLASAICHEAN GÀIDHLIG

Anns a' **CityLit**, 1-10 Sràid Keeley, Holborn, WC2B 4BA (*Fon-talamh: Holborn no Covent Garden*).

Ìre 1: gach **Di-Ciadaoin** aig **6f**

Ìre 2: gach **Di-Ciadaoin** aig **7:30f**

NB/ Gheibhear tuille fiosrachaidh mu na clasaichean (agus mu'n CityLit gu coitcheann) air an làraich-lìn – faicibh gu h-iseal.

GAELIC CLASSES

At the **CityLit**, 1-10 Keeley Street, Holborn, WC2B 4BA (*Underground: Holborn or Covent Garden*).

Level 1: every **Wednesday** at **6pm**

Level 2: every **Wednesday** at **7:30pm**

NB/ More information about the classes (and the CityLit in general) on the website – see below.

Làrach-lìn / Website: www.citylit.ac.uk